

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Fearchar a' Ghunna (3)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 995. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 691 corresponds to Litir 995.

Tha mi a' dol a chur crìoch air mo chunntas mu Fhearchar a' Ghunna. 'S e falbhanach a bh' ann, ach **bha deagh bheachd aige air fhèin**. Ged nach robh Beurla aige, bhiodh e a' dol gu seirbheisean Beurla ann an Eaglais Chill Iùrnain anns a' Chaisteal Ruadh. Dh'fhaighnich am ministear dheth carson a bha e a' dol ann.

'Tha mi a' feuchainn ri bhith mar mo choimeas inbhe, **daoine-uasal na dùthaich**,' fhreagair Fearchar. 'Chan eil mòr-chùis ann a bhith a' dol a chluinntinn searmon Gàidhlig a th' air èisteachd le sluagh cumanta a-mhàin!'

'S e duine doirbh a bh' ann am Fearchar aig amannan. Turas a bha seo, leig boireannach leis oidhche a chur seachad anns a' chidsin aice. Ach bha muc cuideachd anns a' chidsin. Ann am meadhan na h-oidhche, thòisich a' mhuc air ùidh a ghabhail ann agus bha Fearchar air a thàmailteachadh gun robh i a' toirt pòg dha. Mharbh e a' mhuc sa spot.

Bha e a' gabhail dragh gun robh daoine a' briseadh a-steach don bhothan aige, agus an doras gun ghlas air. Bha iarann speala aig Fearchar os cionn an dorais. Nam biodh duine a' dol a-steach gun chùram, bhiodh an t-iarann a' tuiteam air mar *ghuillotine!*

Bhiodh e cuideachd a' fàgail phrìnichean anns an talamh air beulaibh doras a bhothain, leis na dealgan a' stobadh suas. Bha sin airson stad a chur air feadhainn a bha a' cur dragh air, agus a bha a' coiseachd ann casruisgte.

Bha Fearchar ainmeil airson a chuid eirmseachd. Thuirt fear òg anns an Eilean Dubh ris gun cuireadh e ceist air dha nach biodh freagairt aige. Thàinig iad cruinn còmhla air beulaibh mòran dhaoine. Chuir am fear òg a' cheist – 'Dè an dath a th' air falt Shàtain?'

Gun dàil sam bith, fhreagair Fearchar, 'A bheil thu cho fad ann an seirbheis Shàtain agus nach eil eòlas agad air dath falt do mhaighstir?!' Rinn a h-uile duine gàire.

Latha a bha seo, thachair Fearchar ri ministear air an rathad. Dh'fhaighnich am ministear dheth an robh fios aige cà' robh Dia. Fhreagair Fearchar sa mhionaid, 'O, nach tu an t-amadan. Nach inns thu dhòmhsa càite nach eil E?'

'Tha thu glè cheart,' dh'aontaich am ministear. 'Tha Dia anns a h-uile h-àite.'

'O, chan eil mi a' smuaineachadh gu bheil E anns a h-uile h-àite,' fhreagair Fearchar gu dìomhair. Agus dh'fhalbh e.

Chuala am muillear anns a' Chaisteal Ruadh mun chòmhradh seo. Nuair a chaidh Fearchar a chèilidh air (tha fhios gun robh e iarraidh min-fhlùr), chuir am muillear a' cheist air, 'An ainmich thu dhomh, Fhearchair, àite sam bith far nach eil Dia?'

'Chan eil Dia ann an cridhe an duine neo-iompaichte,' fhreagair Fearchar.

Turas eile, bha Fearchar ann am mansa. Dh'fhaighnich am ministear dheth an robh am bàs a' cur eagal air. 'Chan eil, gu dearbh,' arsa Fearchar.

‘Nach eil càil a’ cur eagal ort?’ thuirt am ministear.

‘O tha,’ fhreagair Fearchar. ‘Tha eagal orm ro sin a th’ air taobh eile dhen bhàs!’

Ràinig Fearchar taobh eile a’ bhàis anns an t-Sultain ochd ceud deug, seasgad ’s a h-ochd (1868) ann an Ospadal a’ Chinn a Tuath ann an Inbhir Nis. Bha e ochdad ’s a ceithir. Chaidh a thiodhlacadh ann an Cladh Thom na h-Iùbhraich ach chan eil clach no leac a’ comharrachadh uaigh.

* * * * *

Faclan na Litreach: falbhanach: *wanderer*; Eaglais Chill Iùrnain: *The Church of Killearnan*; gun chùram: *without care*; casruisgte: *barefooted*; eirmseachd: *wit*; gu dìomhair: *cryptically*; muillear: *miller*; Ospadal a’ Chinn a Tuath: *The Northern Infirmary*.

Abairtean na Litreach: Chan eil mòr-chùis ann a bhith a’ dol a chluinntinn searmon Gàidhlig a th’ air èisteachd le sluagh cumanta a-mhàin: *there is no pride in going to listen to a Gaelic sermon that is only heard by ordinary people*; leig boireannach leis oidhche a chur seachad anns a’ chidsin aice: *a woman allowed him to spend a night in her kitchen*; thòisich a’ mhuc air ùidh a ghabhail ann: *the pig started to take interest in him*; air a thàmailteachadh gun robh i a’ toirt pòg dha: *was horrified that she was kissing him*; bha iarann speala os cionn an dorais: *there was a scythe blade above the door*; a’ fàgail phrinnichean anns an talamh, leis na dealgan a’ stobadh suas: *leaving pins in the ground, with the points sticking up*; gun cuireadh e ceist air dha nach biodh freagairt aige: *that he would ask him a question he couldn’t answer*; a bheil thu cho fad ann an seirbheis Shàtain agus nach eil eòlas agad air dath falt do mhaighstir?: *are you so long in Satan’s service that you don’t know the colour of your master’s hair?*; nach tu an t-amadan: *aren’t you a fool*; nach inns thu dhòmhsa càite nach eil E?: *won’t you tell me where He isn’t?*; chan eil mi a’ smuaineachadh gu bheil E anns a h-uile h-àite: *I don’t think He is in every place*; chan eil Dia ann an cridhe an duine neo-iompaichte: *God is not in the heart of the unconverted man*; tha eagal orm ro sin a th’ air taobh eile dhen bhàs: *I fear that which is on the other side of death*; chaidh a thiodhlacadh ann an Cladh Thom na h-Iùbhraich: *he was buried in the Tomnahurich Cemetery*; chan eil clach no leac a’ comharrachadh uaigh: *no stone or slab marks his grave*.

Puing-chànain na Litreach: Tha mi a’ feuchainn ri bhith mar mo choimeas inbhe, **daoine-uasal na dùthaich**: *I’m trying to be like those of the same status as me, the gentlemen of the country*. You might think that the genitive singular form of dùthaich is dùthcha. But Farquhar’s (Easter Ross) preferred form is dùthaich – and this is also the case in some other dialects. Not everybody speaks the language in an identical manner, so be flexible!

Gnathas-cainnt na Litreach: bha deagh bheachd aige air fhèin: *he had a good opinion of himself*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA